

THA FADACHD ORM FHÌN

[trad.arr. Dàimh]

Tha fadachd orm fhìn a rì
's mi ri dol a ghluasad
Tha fadachd orm fhìn a rì

Fadachd air muin fadachd orm
's a Rìgh, gur fhad on uair sin

Chuir iad chun na h-àirigh mi
Nuair thug mo ghràdh an cuan dhith

Chuir iad mi nam ònar
Gu mòinteach na luachrach

'S diombach mi gad mhàthair
a leig gu sàl cho luath thu

'S coltach cùl mo leannain-sa
ri Ailig Dhòmhnaill 'Ic Ruairidh

'S coltach cùl mo ghràidh-sa
ri faoileag bhàn nan cuantan

Nuair thig do litir dhachaigh
bidh do bheannachd air a h-uachdar

Beannachd gu do mhàthair
's a dhà chon na gruagaich

Chunnaic mi dol seachad thu
is deise thartain uain' ort

Tha 'n tuisge nochd air Ròineabhal
's tha 'ceò air Beinn a Chuailein

'S fhada leam gun tàrr mi
mo dhà laimh mun cuairt ort

'S fhada leam gun tig thu
leis a' phige air do ghualainn